



Ted Deary

air chall



An teasca Geraldine Kaye • Dealbhan Jan Brychta

Ted Dearg air chall




An teasca Geraldine Kaye
Dealbhan Jan Brychta
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha teadaidh dearg aig Màiri.
'S e Ted Dearg a bh' aice air.
Aon là chaidh Dadaidh, Màiri
agus Sam dhan phàirc.



“Am faod sinn ball-coise a chluich?”
thuirt Sam agus Màiri.
“Faodaidh,” thuirt Dadaidh.



“Tha mise airson cluich air an dreallaig a-nis,”
thuirt Màiri.



Chaidh Màiri agus Ted Dearg
suas agus sìos air an dreallaig.



Chaidh Màiri agus Ted Dearg sìos air
an t-sleamhnaig.

“Feumaidh sinn falbh a-nis,” thuirt Dadaidh.



Dh'fhalbh Dadaidh, Sam agus Màiri
às a' phàirc.

Chaidh iad sìos an rathad.



“O! O!” thuir Màiri.

“Càite bheil Ted Dearg?”

“Thèid sinn air ais dhan phàirc,” thuir Dadaidh.

“Gheibh sinn Ted Dearg.”



Chaidh Dadaidh, Sam agus Màiri dhan phàirc.
“Chuir mi Ted Dearg nam phòcaid
agus chaidh mi air an dreallaig,” thuirt Màiri.



Choimhead Dadaidh aig na dreallagan,
ach cha robh Ted Dearg aig na dreallagan.



Choimhead Màiri aig an t-sleamhnaig,
ach cha robh Ted Dearg aig an t-sleamhnaig.



“Cha do lorg mi Ted Dearg,” thuirt Dadaidh.

“Cha do lorg mi Ted Dearg,” thuirt Màiri.



“Seall! Ted Dearg! Siud e!”

thuirt Sam.

Fhuair Màiri Ted Dearg.

“A-nis thèid sinn dhachaigh,” thuirt i.